

# **Geàrr-iomradh air a' Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

# **Geàrr-iomradh air a' Phlana Nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

## **Clàr-innse**

<b>Cò às a thainig am Plana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh.....</b>	<b>2</b>
<b>Na tha anns a' Phlana .....</b>	<b>3</b>
<b>Buaidh phractaigeach a' Phlana .....</b>	<b>3</b>
<b>Planaichean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh bho ùghdarrasan buntainneach.....</b>	<b>4</b>
<b>Sgrùdadadh is Aithrisean .....</b>	<b>4</b>
<b>Pàirt a Dhà: Builean Lèirsinneach airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh.....</b>	<b>5</b>
<b>A' Stèidheachadh nam Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh .....</b>	<b>5</b>
<b>Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh.....</b>	<b>5</b>
<b>A' Measadh Adhartas: Targaidean is Comharran-coileanaidh.....</b>	<b>10</b>
<b>Pàirt a Trì: Ag Obair gus am bi Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh againn</b>	<b>21</b>
<b>Luchd-solair is Àiteachan.....</b>	<b>26</b>
<b>Tuathanaich, Luchd-toraidh is Luchd-giullachd Bìdh .....</b>	<b>28</b>
<b>Luchd-poileasaidh .....</b>	<b>31</b>
<b>Co-dhùnaidhean .....</b>	<b>35</b>

## Pàirt a H-Aon: Fiosrachadh air a' Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

### Cò às a thàinig am Plana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba poileasaidh ùr airson biadh is dheochan ann an 2014, [Gar Stèidheachadh fhèin mar Dhùthaich a tha Math a Thaobh Biadh](#). San sgrìobhainn sin, bha lèirsinn ann gum biodh Alba "na Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, far am bi a h-uile duine moiteil às agus a' gabhail tlachd anns, agus a' faighinn bhuannachdan bhon a' bhiadh a sholaracheas iad, a cheannaicheas iad, a dh'ullaicheas iad, a bheir iad seachad, agus a dh'itheas iad gach latha".

Dh'iarr Ministearan na h-Alba comhairle bho eòlaichean bhon bhuidhinn neo-reachdail Coimisean Bìdh na h-Alba a chaidh a stèidheachadh sa Ghearran 2015. Chaidh iarraidh air a' bhuidhinn sin comhairle a thoirt do Mhiniesteanan na h-Alba mu mar a ghabhadh Alba a stèidheachadh mar Dhùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. B' e aon de na priomh mholaidhean a thug iad seachad reachdas frèama a thoirt a-steach gus an taghadh farsaing de dh'obair a tha ga dèanamh mu thràth air feadh an riaghaltais a thoirt còmhla fo sgèith aon phios reachdais.

Tha reachdas frèama ann a-nis, [An Achd airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh \(Alba\) 2022](#) ("An Achd"). Fon Achd, tha e mar uallach air Ministearan na h-Alba Plana nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh ullachadh a bhios a' stèidheachadh cinn-uidhe an Riaghaltais airson phoileasaidhean bìdh agus a' cur an cèill mar a tha iad an dùil na cinn-uidhe sin a choileanadh.

Sa chiad Phlana seo airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh tha sinn, airson a' chiad uair a thaobh Phoileasaidhean Bìdh na h-Alba, chan e a-mhàin air lèirsinn a dhealbh airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh agus cuideachd air mineachadh a chur fo ur comhair air cò ris a bhios an dùthaich sin coltach, agus air na ceumannan a dh'fheumas sinn a ghabhail gus ar lèirsinn a thoirt gu buil.

Leis a' chiad Phlana nàiseanta seo airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, tha feallsanachd ùr againn a thaobh phoileasaidhean bìdh agus tha am plana ag amas air cruth-atharrachadh a thoirt air cùisean aig ire ro-innleachdail thar àine fhada an lùib cho-dhùnaidhean a nithear aig ire nàiseanta is ionadail. Tha e cudromach aithneachadh gun toir e àine na h-atharraichean cudromach is na h-atharraichean fad-àine a tha dhìth air ar siostam-bìdh a chur an sàs agus na cinn-uidhe lèirsinneach againn a thaobh biadh a choileanadh.

Chan urrainn dhuinn ach gabhail ris an-dràsta nach eil làn-smachd aig Riaghaltas na h-Alba air gach meadhan is cumhachd a ghabhas a chur gu feum gus buaidh a thoirt air mar a tha siostam a' bhìdh ag obrachadh. Bhiodh làn-smachd aig Alba neo-eisimeileach air gach cumhachd co-cheangailte ri poileasaidhean bìdh, agus bheireadh sin buaidh air na b' urrainn dhuinn a choileanadh agus air cho luath 's a thigeadh adhartas. Tha sinn a' foillseachadh sreach de phàipearan air a' chuspair A' Cruthachadh Alba Ùr: tha na pàipearan seo mar ro-shealladh airson Alba neo-eisimeileach agus tha iad a' toirt iomradh air grunn chùisean co-cheangailte ri biadh. Mar a bhios follaiseach dhuibh, nuair a thèid tionndaidhean ùra dhen Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh ullachadh, bheir an suidheachadh a th' ann aig an àm a thaobh bun-reachd na dùthcha buaidh orra.

## **Na tha anns a' Phlana**

Tha na sia priomh Bhuilean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh<sup>1</sup> mar bhunait dhan Phlana nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Tha na sia Builean lèirsinneach seo cudromach do dh'Alba aig ìre ro-innleachdail thar àine fhada: fhad 's a thathar a' sìor leasachadh is ag atharrachadh phoileasaidhean bìdh san dùthaich seo agus gu h-eadar-nàiseanta, cumaigh sinn oirnn a' dèanamh measadh air agus ag ùrachadh nam Builean feuch am bi iad fhathast freagarrach agus dùbhlach gu leòr.

Chan e a-mhàin gu bheil Pàirt a Dhà a' dèanamh mìneachadh air na Builean fhèin, tha e cuideachd a' sealtainn thargaidean is chomharran-coileanaidh a thèid a chleachdad gus sùil a chumail air adhartas leis na builean.

Ann am Pàirt a Trì gheibhearr fiosrachadh air taghadh farsaing de phoileasaidhean is iomairtean co-cheangailte ri biadh bho air feadh roinnean Riaghaltas na h-Alba: 's iad sin a thèid a chleachdad gus na Builean seo a choileanadh.

Cuideachd ann am Pàirt a Trì, thathar a' beachdachadh air mar a ghabhas dòighean-obrach taobh a-staigh an riaghaltais a chur gu feum gus piseach a thoirt air modhan-obrach gus poileasaidhean a dhealbh. Cuimhnichibh, chan eil fiosrachadh iomlan air na poileasaidhean sa gheàrr-chunntas seo.

## **Buaidh phractaigeach a' Phlana**

'S e raon farsaing a th' ann am poileasaidhean bìdh a tha a' buntainn ri grunn mòr chuspairean. Gus dèanamh cinnteach gum bi am Plana nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a' gabhail ealla ri raointean poileasaidh iomchaidh, feumaidh sinn raointean poileasaidh is raointean obrach buntainneach an riaghaltais a chomharrachadh – canar dleastanasan sònraichte riutha sin. Tha dleastanasan sònraichte ag innse do Mhinstearan cuin a dh'fheumas iad ealla a ghabhail ri raon poileasaidh sònraichte nuair a tha iad ri obair an riaghaltais. A thaobh na cùise seo, bidh e mar uallach laghail air Ministearan na h-Alba ealla a ghabhail<sup>2</sup> ris a' Phlana nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh nuair a bhios iad a' coileanadh gnìomh obrach sam bith aig an riaghaltas a chaidh a chomharrachadh mar dhleastanas sònraichte. Leis an dòigh-obrach seo, thèid am Plana a thoirt gu buil tro dhleastanasan sònraichte, agus nithear cinnteach gum bi Ministearan na h-Alba a' beachdachadh air buaidh nan gnìomhan aca air poileasaidh sam bith co-cheangailte ri biadh.

Mar sin, nuair a bhios Ministearan na h-Alba a' beachdachadh air poileasaidh ùr aig a bheil ceangal ri biadh, cha bhi iad a' dèanamh sin dìreach mar phoileasaidh fa leth, bidh aca ri beachdachadh air mar phàirt de raon nas mothà de phoileasaidhean a tha ceangailte ri chèile. Leis an riatanas seo, nithear cinnteach gum bi

<sup>1</sup> Stèidhich Pàrlamaid na h-Alba a cuid phrìomhachasan airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh san Achd. Nuair a bhatnar a' stèidheachadh nan sia Builean, chaidh ealla shònraichte a ghabhail ri earrainnean dhen Achd a bha a-mach air cùisean (Earrainn 1 (6)) is prionnsapalan (Earrainn 2) co-cheangailte ri biadh.

<sup>2</sup> 's e abairt laghail a th' ann an 'gabh ealla ri' a tha a' ciallachadh gum feumar aire a thoirt dhan sgiombainn bhuntainnich agus, ma nì Ministearan na h-Alba co-dhùnadh gun sin a dhèanamh, feumaidh adhbharan soilleir a bhith aca airson sin agus feumaidh iad na h-adhbharan sin a thoirt seachad.

poileasaidhean bìdh gan cur an sàs san àm ri teachd gus cinn-uidhe choitcheann a thoirt gu buil.

## **Planaichean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh bho ùghdarrasan buntainneach**

Fon Achd, feumaidh ùghdarrasan buntainneach ('s iad sin an-dràsta gach ùghdarrasan ionadail is bòrd slàinte) Plana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh uallachadh dhaibh fhèin. Nuair a bhios na h-ùghdarrasan buntainneach ag ullachadh nam Planaichean sin, bidh aca ri ealla a ghabhail ris a' Phlana nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Cuideachd tha aig ùghdarrasan buntainneach, fon lagh, ri ealla a ghabhail ris na Planaichean aca fhèin nuair a tha iad a' coileanadh dhleastanasan sònraichte.

Leis na Builean nàiseanta, comharran-coileanaidh, targaidean agus gnìomhan poileasaidh sa phlana seo, thathar a' toirt seachad stiùir is stiùireadh do dh'ùghdarrasan buntainneach ris an gabh iad ealla ann a bhith ag ullachadh nam Planaichean aca fhèin airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh.

Leis an dòigh-obrach seo, bidh barrachd cunbalachd ann a thaobh phoileasaidhean bìdh, ach bidh fhathast sùbailteachd aig na h-ùghdarrasan buntainneach gus dèiligeadh ris na dùblain is suidheachaidhean a tha gu h-àraighe a' buntainn riutha fhèin.

## **Sgrùdadadh is Aithrisean**

Fon Achd tha cumhachan ann gus buidheann phoblach ùr a stèidheachadh: Coimisean Bìdh na h-Alba<sup>3</sup>. Bidh an Coimisean ùr seo a' dèanamh measadh air adhartas leis a' Phlana nàiseanta agus le Planaichean nan ùghdarrasan buntainneach airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh agus air buaidh nam planaichean sin. Bheir e comhairle, fiosrachadh agus taic do Mhinistearan na h-Alba agus ùghdarrasan buntainneach gus leasachadh a thoirt air na Planaichean aca san ùine ri thighinn.

Foillsichidh sinn aithris-adhartais gach dà bhliadhna. Nì sinn ath-sgrùdadadh, agus ma dh'fheumar, ùrachadh air a' Phlana co-dhiù gach còig bliadhna. Bidh na h-aon riatanasan is clàran-ama aithris is ùrachaidean ann airson Planaichean nan ùghdarrasan buntainneach airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh.

---

<sup>3</sup> Tha an coimisean reachdail ùr seo, Coimisean Bìdh na h-Alba, eadar-dhealaichte bhon t-seann choimisean neo-reachdail leis an aon aimh a chaidh a leigeil ma sgaoil ann an 2018.

# Pàirt a Dhà: Builean Lèirsinneach airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

## A' Stèidheachadh nam Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

Tha tàrr ann às am faod sinn a bhith moiteil a thaobh biadh is dheochan ann an Alba san latha an-diugh. Tha ar bathar is toraidhean sàr-mhath a' còrdadh ri daoine an seo agus air feadh an t-saoghail. Tha sinn a' cumail ri inbhean glè àrd a thaobh math bheathaichean agus nì sinn oidhirpean gus am bi na h-inbhean againn a thaobh sin nas fheàrr buileach. Tha sinn air ceumannan a chur an sàs gus biadh nas fheàrr a thaobh beathachadh a thoirt seachad ann an sgoiltean, agus gus barrachd cothroman a thoirt do dhaoine air biadh ionadail is ràitheil. Ge-tà, tha fios againn gu bheil nithean fhathast ann a ghabhas leasachadh.

Tha sinn air sia priomh Bhuilean a stèidheachadh a tha a' comharrachadh nam priomh raointeal air am bithear a' cur cuideam gus cur ris an inbhe a th' againn mar Dhùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Tha mar a tha na Builean seo a' buntainn ri iomadh raon is roinn a' sealltann gum feumar beachdachadh air farsaingeachd de dh'obair nuair a thathar a' dealbh phoileasaidhean bìdh ùra. Ma tha sinn a' dol a choileanadh ar n-amasan airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, feumaidh sinn ar gnìomhan a mheasadh mu choinneimh nam Builean seo, agus feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil ar co-dhùnaidhean is gnìomhan a' co-fhreagairt orra.

Chaidh na Builean a dhealbh a rèir chumhachan a tha san Achd ach 's e as cudromaiche gu bheil iad a' gabhail ealla ris na dùblain is cothroman as mothà a th' ann an siostam bìdh na h-Alba: nam measg tha neo-thèarainteachd bìdh ann an dachaighean; slàinte bìdh (co-cheangailte ris na dh'itheas daoine); agus atharrachadh na gnàth-shìde agus crionadh na h-àrainneachd.

Tha na Builean a' gabhail ealla ris na cùisean sin agus ri dùblain eile agus 's e builean farsaing a th' annta, mar a dh'fheumas iad a bhith, agus iad air an dealbh gus am bi iad a' buntainn ri diofar phoileasaidhean thar taghadh farsaing de raointeal is roinnean. Tha na Builean mar amasan àrd-ìre airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh: chan e liosta de stiùiridhean mionaideach a th' annta.

## Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- **Buil 1:** Tha a h-uile duine ann an Alba ag ithe biadh math agus tha cothrom gu cunbalach aca air biadh a tha sàbhailte, sa bheil mathas, aig pris reusanta, a tha seasmhach, agus freagarrach a thaobh aois is cultar dhaoine.
- **Buil 2:** Tha siostam bìdh na h-Alba seasmhach agus tha e a' cur taic ri àrainneachd nàdarra fhàsmhor. Tha e a' cur taic ri ar n-amasan a thaobh cothromachadh-carboin agus tha àite cudromach aige ann a bhith a' cur dòn air agus a' toirt piseach air math bheathaichean agus a bhith ag ath-stèidheachadh is ag ùrachadh bith-iomadachd.<sup>4</sup>

<sup>4</sup> A rèir [Buidheann Bìdh is Àiteachais nan Dùthchannan Aonaichte](#) "s e a th' ann an siostam bìdh seasmhach, fear a tha a' stèidheachadh tèarainteachd bìdh agus a' tabhann biadh sa bheil mathas

- **Buil 3:** Tha siostam bìdh na h-Alba a' toirt brosnachadh is taic dhan t-sluagh a bhith fallainn nam bodhaig is nan inntinn, agus mar thoradh air sin thig lùghdachadh air euslaintean co-cheangailte ri biadh is daidhead<sup>5</sup>.
- **Buil 4:** Tha ar roinn bìdh is dheochan a' soirbheachadh, eadar-mheasgaichte, innleachdach, agus glè chudromach do mhath eaconamach is sòisealta na dùthcha aig ère nàiseanta is ionadail. Tha i aig teis-meadhan na h-iomairt gus Alba a stèidheachadh mar dhùthaich a tha tèarainte is làidir a thaobh biadh, agus tha i a' cruthachadh is a' cumail taic ri obraichean is gnothachasan anns a bheil inbhean-obrach cothromach gan cur an sàs.
- **Buil 5:** Tha cultar bìdh brioghmhor aig Alba agus sluagh againn aig a bheil ùidh ann am, agus a tha air an oideachadh a thaobh, biadh math is seasmhach.
- **Buil 6:** Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba airson biadh fior mhath agus tha sinn airson cur ris a' chliù sin. Tha co-dhùnaidhean a nì sinn ann an Alba a' cuideachadh gus cruth-atharrachadh a thoirt air siostaman bìdh ionadail agus cruinneil. Tha sinn a' co-phàirteachadh ar sàr dhòighean-obrach agus ag ionnsachadh mu na sàr dhòighean-obrach aig càch gu h-eadar-nàiseanta.

Tha na sia prìomh Bhuilean seo mar bhunait do ar Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh: tha iad a' cur an cèill na tha Ministearan na h-Alba airson a choileanadh a thaobh biadh. Seach gu bheil e mar dhleastanas air ùighdarrasan buntainneach ealla a ghabhail ris a' Phlana nàiseanta seo, bidh poileasaidhean bìdh air an cur an sàs ann an dòigh aonaichte aig ère nàiseanta agus ionadail. Cuideachd, seach gu bheil aig ùighdarrasan buntainneach ris na Planaichean aca fhèin ullachadh, bidh sùbailteachd aca a thaobh mar as fheàrr as urrainn dhaibh na Builean a choileanadh an lùib nan dleastanasan aca fhèin.

Tha Clàr 1 gu h-ìosal a' sealltainn mar a tha na sia prìomh Bhuilean a' cur taic ri cinn-uidhe is cùmhnan tan airson chòraichean daonna, am Frèam Coileanaidh Nàiseanta agus Cinn-uidhe Leasachaидh na h-Alba.

---

dhan a h-uile duine ann an dòigh nach dèan cron air a' bhunait eaonamaich, shòisealta is a thaobh na h-àrainneachd a tha dhìth gus tèarainteachd bìdh is biadh math a thoirt do ghinealaich ùra san àm ri teachd."

<sup>5</sup> Tha "euslaintean co-cheangailte ri biadh is daidhead" a' ciallachadh euslaintean air an toir daidhead buaidh no a tha air an adhbharachadh le daidhead. Faodaidh na h-euslaintean tighinn air daoine seach nach eil iad a' gabhail gu leòr de stuthan-beathachaidh no gu bheil iad a' gabhail cus dhiubh. Am measg nan euslaintean as cumanta co-cheangailte ri daidhead tha: reamhrachd, seòrsa 2 de thinneas an t-siùcair, tinneasan dhen chuairt-fhala, bruthadh-fala àrd, cuid a sheòrsaichean aillse, cion stuthan-beathachaidh, agus euslaintean cnàmhaidh.

**Clàr 1:** Mar a tha na Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a' Cur Taic ris an Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta, Cinn-uidhe an UN airson Leasachadh Seasmhach agus a' Chòir air Biadh.

Buil airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh	Buil an Fhrèam Choileanaidh Nàiseanta	Cinn-uidhe an UN airson Leasachadh Seasmhach	A' Chòir air Biadh <sup>6</sup>
<b>Buil 1</b> Tha a h-uile duine ann an Alba ag ithe biadh math agus tha cothrom gu cunbalach aca air biadh a tha sàbhailte, sa bheil mathas, aig prìs reusanta, a tha seasmhach, agus freagarrach a thaobh aois is cultar dhaoine	 Tha spès againn do chòraichean daonna, tha sinn gan dòn agus gan coileanadh agus tha beatha againn tha gun leth-bhreith   Tha sinn a' lùghdachadh bochdainn le bhith a' co-phàirteachadh chothroman, beairteas is cumhachd ann an dòigh nas co-ionainne   Fhad 's a tha sinn a' fàs suas, tha sinn sàbhailte is tha gaol is spès gan nochdadhbh dhuinn gus an urrainn dhuinn na tha comasach dhuinn a choileanadh   Tha sinn cruthachail agus tha ar cultaran brìoghmhòr is eadar-mheasgaichte air an cur an cèill, agus tha daoine a' gabhail tlachd annta, gu fada is farsaing		ICESCR Bonn 11 UNCRC 24 (2)c UNCRC 27 (1) UNCRC 27 (3) CEDAW 12(2)

<sup>6</sup> Chan fhaisear sa chlàr seo ach na laghan is cùmhnantán eadar-nàiseanta a chithear ann an Earrainn 5(2) dhen Achd airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh (Alba) 2022.

<p><b>Buil 2</b></p> <p>Tha siostam bìdh na h-Alba seasmhach agus tha e a' cur taic ri àrainneachd nàdarra fhàsmhor. Tha e a' cur taic ri ar n-amasan a thaobh cothromachadh-carboin agus tha àite cudromach aige ann a bhith a' cur dòn air agus a' toirt piseach air math bheathaichean agus a bhith ag ath-stèidheachadh is ag ùrachadh bith-iomadachd</p>	<p></p> <p>Tha sinn a' cur luach is a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd, ga dòn agus a' toirt piseach oirre</p> <p></p> <p>Tha eaonamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre na cruinne, agus a tha tionnsgalach, inghabhalach agus seasmhach</p>		<p>ICESCR Bonn 11 UNCRC 24 (2) c</p>
<p><b>Buil 3</b></p> <p>Tha siostam bìdh na h-Alba a' toirt brosnachadh is taic dhan t-sluagh a bhith fallainn nam bodhaig is nan inntinn, agus mar thoradh air sin thig lùghdachadh air euslaintean co-cheangailte ri biadh is daitead</p>	<p></p> <p>Tha sinn fallainn is dèanadach</p> <p></p> <p>Fhad 's a tha sinn a' fàs suas, tha sinn sàbhailte is tha gaol is spèis gan nochdadhl dhuinn gus an urrainn dhuinn na tha comasach dhuinn a choileanadh</p>		<p>ICESCR Bonn 11 UNCRC 24 (2)c UNCRC 27 (1) UNCRC 27 (3) CEDAW 12(2)</p>
<p><b>Buil 4</b></p> <p>Tha ar roinn bìdh is dheochan a' soirbheachadh, eadar-mheasgaichte, innleachdach, agus glè chudromach do mhath eaonamach is sòisealta na dùthcha aig ìre nàiseanta is</p>	<p></p> <p>Tha gnothachasan soirbheachail is innleachdach againn, le obraichean matha agus obair chothromach dhan a h-uile duine</p> <p></p> <p>Tha eaonamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre na cruinne, agus a tha</p>		<p>ICESCR Bonn 11</p>

<p>ionadail. Tha i aig teis-meadhan na h-iomairt gus Alba a stèidheachadh mar dhùthach a tha tèarainte is làidir a thaobh biadh, agus tha i a' cruthachadh is a' cumail taic ri obraichean is gnothachasan anns a bheil inbhean-obrach cothromach gan cur an sàs</p>	<p>tionnsgalach, in-ghabhalach agus seasmhach</p>	<p><b>10 REDUCED INEQUALITIES</b> Icon: Three arrows pointing in different directions.</p> <p><b>11 SUSTAINABLE CITIES AND COMMUNITIES</b> Icon: Buildings.</p>	
<p><b>Buil 5</b> Tha cultar bìdh brìoghmhor aig Alba agus sluagh againn aig a bheil ùidh ann am, agus a tha air an oideachadh a thaobh, biadh math is seasmhach</p>	<p> Tha sinn air deagh fhoghla姆 fhaighinn, tha sgilean againn agus 's urrainn dhuinn cur ris a' chomann-shòisealta</p> <p> Tha sinn a' fuireach ann an coimhlearsnachdan a tha in-ghabhalach, cumhachdach, làidir agus sàbhailte</p> <p> Tha sinn cruthachail agus tha ar cultaran brìoghmhor is eadar-mheasgaichte air an cur an cèill, agus tha daoine a' gabhail tlachd annta, gu fada is farsaing</p> <p> Fhad 's a tha sinn a' fàs suas, tha sinn sàbhailte is tha gaol is spèis gan nochdadh dhuinn gus an urrainn dhuinn na tha comasach dhuinn a choileanadh</p>	<p><b>4 QUALITY EDUCATION</b> Icon: An open book.</p> <p><b>11 SUSTAINABLE CITIES AND COMMUNITIES</b> Icon: Buildings.</p> <p><b>12 RESPONSIBLE CONSUMPTION AND PRODUCTION</b> Icon: A stylized infinity symbol.</p>	

<b>Buil 6</b> Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba airson biadh fior mhath agus tha sinn airson cur ris a' chliù sin. Tha codhùnaidhean a nì sinn ann an Alba a' cuideachadh gus cruth-atharrachadh a thoirt air siostaman bìdh ionadail agus cruinneil. Tha sinn a' co-phàirteachadh ar sàr dhòighean-obrach agus ag ionnsachadh mu na sàr dhòighean-obrach aig càch gu h-eadar-nàiseanta	 Tha sinn fosgailte, tha ceanglaichean againn agus tha sinn a' dèanamh feum gu h-eadar-nàiseanta   Tha eaonamaidh againn a tha farpaiseach aig ire na cruinne, agus a tha tionnsgalach, inghabhalach agus seasmhach	 <p><b>9 INDUSTRY, INNOVATION AND INFRASTRUCTURE</b></p> <p><b>12 RESPONSIBLE CONSUMPTION AND PRODUCTION</b></p> <p><b>17 PARTNERSHIPS FOR THE GOALS</b></p>	ICESCR Bonn 11
--	---	--	-------------------

## A' Measadh Adhartas: Targaidean is Comharran-coileanaidh

Tha Clàran 2.1-2.6 a' sealltann taghadh farsaing de phoileasaidhean co-cheangailte ri biadh a tha a' cur taic ris gach Buil airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, agus na comharran-coileanaidh agus slatan-tomhais eile (leithid thargaidean) a chleachdas sinn gus measadh a dhèanamh air adhartas leis na Builean. Cuideachd, chithear sa cholbh airson thargaidean grunn "shlatan-tomhais eile" co-cheangailte ri obair eile a tha ga dèanamh gus na Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a choileanadh. Tha sin a' gabhail a-steach nithean mar cho-obrachadh eadar luchd-compàirt sa ghnìomhachas.

Cumaidh sinn oirnn a' cruthachadh chomharran-coileanaidh is thargaidean airson nam Builean seo, agus thèid slatan-tomhais eile a chur ri planaichean san ùine ri thighinn gus adhartas a mheasadh.

### A' leudachadh air geallaidhean a th' ann an-dràsta a thaobh daithead is cuideam fallain:

Tha targaid aig Riaghaltas na h-Alba mu thràth gus ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030. Tha sinn airson leudachadh air seo:

- Ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030 agus lùghdachadh nach beag a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead

Cuideachd, bidh sinn ag amas air barrachd na dìreach clann agus e na amas dhuinn:

- Gum bi barrachd inbhich ann anns a bheil cuideam a tha fallain
- Lùghdachadh a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead am measg inbheach

### **A' neartachadh gheallaidhean a thaobh neo-thèarainteachd bìdh ann an dachaighean:**

Bhiodh targaidean agus adhartas leotha a' gabhail ealla ris a' ghealladh aig Riaghaltas na h-Alba gus lùghdachadh a thoirt air neo-thèarainteachd bìdh ann an dachaighean agus sin a' cuideachadh le bhith a' toirt chòraichean sòisealta is eaconamach dhaoine gu buil. Le aithrisean air na targaidean seo, gheibhte fiosrachadh mionaideach bho dhiofar sheallaidhean an dà chuid air an taic a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad (mar eisimpleir, a' bhuaidh a th' aig obair co-cheangailte ri ar Plana le Taic-airgid An Toiseach air an iomairt gus dèanamh cinnteach nach bi feum ann tuilleadh air bancaichean-bìdh); agus air nithean san fharsaingeachd a dh'fhaodadh a bhith a' toirt buaidh air cùisean, leithid chûisean san RA no san t-saoghal mhòr, mar eisimpleir ire na h-atmhorachd.

Tha sinn an dùil ar geallaidhean a thaobh neo-thèarainteachd bìdh ann an dachaighean a neartachadh le bhith ag amas air:

- lùghdachadh a thoirt air an àireimh de dhachaighean a tha a' fulang le neo-thèarainteachd bìdh meadhanach dona no fior dhona
- lùghdachadh a thoirt air an àireimh de dhachaighean a tha a' faotainn biadh-èiginn

### **Solarachadh poblach**

Tha fios againn gu bheil ùidh mhòr aig daoine ann a bhith a' dèanamh feum de sholarachadh poblach gus cuideachadh le bhith a' stèidheachadh Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Ged a tha ceistean ann co-cheangailte ri bhith a' faighinn dàta, thèid tuilleadh beachdachaidh a dhèanamh air a' chùis feuch an gabh targaidean airson solarachadh poblach a stèidheachadh airson eagrain eile dhen Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh san àm ri teachd.

### **Math bheathaichean**

Tha obair a' leantainn gus targaidean a stèidheachadh airson math bheathaichean, a bhios a' gabhail ealla ri toraidhean cho-chomhairleachaidhean a thathar an dùil a chumail, agus a nochdadhean ann an eagrain ùra dhen Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh san àm ri teachd. Tha geallaidhean an-dràsta ann am Prògram an Riaghaltais gus co-chomhairleachadh a chumail air a bhith a' stad de bhith a' cleachdadhean chèidsichean airson eòin a tha gan sealg agus airson clearcan a tha a' breith.

**Clàr 2.1 Buil 1:** Tha a h-uile duine ann an Alba ag ithe biadh math agus tha cothrom gu cunbalach aca air biadh a tha sàbhailte, sa bheil mathas, aig prìs reusanta, a tha seasmach, agus freagarrach a thaobh aois is cultar dhaoine.

Poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba	Comharran-coileanaidh	Targaidean/slatan-tomhais eile
<ul style="list-style-type: none"> <li>Poileasaidhean Àiteachais</li> <li>Am Biadh as Fheàrr aig Toiseach Beatha</li> <li>Atharrachadh na Gnàth-shìde is Àiteachas</li> <li>Atharrachadh na Gnàth-shìde is</li> <li>Plana Coileanaidh airson Daithhead is Cuideam Fallain</li> <li>A' Solarachadh Biadh ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne</li> <li>Beathachadh is Daithhead aig Aois Òg</li> <li>Ag Ithe A-muigh, Ag Ithe gu Math: frèam-obrach agus còd-obrach airson chlàran-bìdh cloinne</li> <li>Foghlam Bìdh</li> <li>Biadh is Deochan ann an Ospadalan is Cùram Sòisealta</li> <li>Biadh is Deochan ann am Prìosain</li> <li>Biadh is Deochan ann an Sgoiltean</li> <li>Ro-innleachd Stiùridh an lasgaich</li> <li>Biadh Sgoile An-asgaidh</li> <li>Neo-thèarainteachd</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>An uiread de dhachaighean a tha a' fulang le neo-thèarainteachd bìdh san dachaigh aca</li> <li>An àireamh de sgoilearan tha clàraichte airson biadh sgoile an-asgaidh</li> <li>An àireamh às a' cheud de sgoilearan san sgoil a tha a' gabhail biadh na sgoile (an-asgaidh no air a phàigheadh)</li> <li>An àireamh de sheirbheisean càram-latha agus de chloinn a tha clàraichte airson Sgeama Bainne is Ghreimean-bìdh Fallain na h-Alba</li> <li>An uiread de chloinn ann an Alba a tha beò gu ìre ann am bochdann; ann am bochdann iomlan; fo easbhaidh ri linn teachd-a-steach ìosal is bochdann bhith-bheò, agus; ann am bochdann leantainneach (às dèidh chosgaisean taigheadais)</li> <li>Cinn-uidhe Dhaithidh na h-Alba</li> <li>An uiread de ghnothachasan bìdh sna roinnean poblach agus priobhaideach a tha a' cur an sàs Ag</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh nas lugha na 10% de chloinn beò gu ìre ann am bochdann ro no ann an 2030</li> <li>Bidh nas lugha na 5% de chloinn beò ann am bochdann iomlan ro no ann an 2030</li> <li>Bidh nas lugha na 5% de chloinn beò fo easbhaidh ri linn teachd-a-steach ìosal is bochdann bhith-bheò ro no ann an 2030</li> <li>Bidh nas lugha na 5% de chloinn beò ann am bochdann leantainneach ro no ann an 2030</li> <li>Ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030 agus lùghdachadh nach beag a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithhead</li> <li>Lùghdachadh a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithhead am measg inbheach</li> <li>Lùghdachadh a thoirt air an àireimh de dhachaighean a tha a' fulang le neo-thèarainteachd bìdh meadhanach dona no fior dhona</li> <li>Lùghdachadh a thoirt air an àireimh de dhachaighean a tha a' faotainn biadh-èiginn</li> </ul>

<p>Bìdh ann an Dachaighean</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A' Biadhadh Leanabh</li> <li>• Frèam Planaidh Nàiseanta 4</li> <li>• Solarachadh Poblach</li> <li>• A' Solarachadh Biadh ann an Cùram-chloinne Aois Sgoile</li> <li>• Sgeama Bainne is Ghreimean-bìdh Fallain na h-Alba</li> <li>• Tuathanachas Uisge Seasmhach</li> <li>• A' Dèiligeadh ri Bochdainn Cloinne</li> </ul>	<p>Ithe A-muigh, Ag Ithe gu Math: frèam-obrach agus còd-obrach airson chlàran-bìdh cloinne</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• An àireamh de dh'ùighdarrasan ionadail a tha a' gabhail pàirt sa Phrògram Biadh airson ur Beatha Alba</li> </ul>	
--	--	--

**Clàr 2.2 Buil 2:** Tha siostam bìdh na h-Alba seasmhach agus tha e a' cur taic ri àrainneachd nàdarra fhàsmhor. Tha e a' cur taic ri ar n-amasan a thaobh cothromachadh-carboin agus tha àite cudromach aige ann a bhith a' cur dòn air agus a' toirt piseach air math bheathaichean agus a bhith ag ath-stèidheachadh is ag ùrachadh bith-iomadachd.

Poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba	Comharran-coileanaidh	Targaidean/slatan-tomhais eile
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Poileasaidhean Àiteachais</li> <li>• Lotaichean-gàrraiddh is Coimhersnachdan a' Cur</li> <li>• Math Bheathaichean</li> <li>• Ro-innleachd airson Bith-iomadachd</li> <li>• Eaconamaidh Chuaireagach is Cothromachadh Carboin</li> <li>• Atharrachadh na Gnàth-shìde is Àiteachas</li> <li>• Atharrachadh na Gnàth-shìde</li> <li>• Croitearachd</li> <li>• Achd an Fhoghlaim 1980 (dleastanas a thaobh solarachadh-bìdh seasmhach ann an sgoiltean)</li> <li>• Ro-innleachd Stiùiridh an Iasgaich</li> <li>• Biadh Organach</li> <li>• Slàinte nan Lusan</li> <li>• Solarachadh Poblach</li> <li>• Malairt Biadh na Mara</li> <li>• Tuathanachas Uisge Seasmhach</li> <li>• Roinn na Sìthne</li> <li>• Tuathanachas Bheartagail</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Gasaichean teas-dhònach a thig bho roinn an àiteachais</li> <li>• Mar a thèid todhar naitridein a chleachdadh</li> <li>• A' chuid às a' cheud de dh'iasg coimeirsealta a gheibhear ann an dòigh sheasmhach</li> <li>• Cinn-uidhe Dhaithidh na h-Alba</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Lùghdachadh de 33% a thoirt air an ìre caithemh-bìdh airson gach neach airson 2025</li> <li>• Tha e mar amas dùblachadh a thoirt air an uiread de dh'fhearrann àiteachais a thathar ag obrachadh gu h-organach ann an Alba ro dheireadh teirm na párlamaid seo (2026)</li> <li>• Targaidean lùghdachaidh bliadhnaidh airson sgaoilidhean a dh'fheumar a choileanadh fon lagh leithid: lùghdachadh de 75% air gasaichean teas-dhònach ro dheireadh 2030 (stèidhichte air bun-ìre ann an 1990), agus bidh cothromachadh-carboin ann le sgaoilidhean ro dheireadh 2045</li> <li>• Tha aig Ministearan na h-Alba ri cumail ri geallaidhean gus dèiligeadh ris mar a tha bith-iomadachd a' crìonadh, a tha air am mìneachadh ann am Frèam Bith-iomadachd na Cruinne airson Cùmhant Bith-iomadachd an UN, leithid thargaidean co-cheangailte ri bhith a'</li> </ul>

		<p>lùghdachadh caitheimh, ana- caitheamh bìdh san t- saoghal, ana- caitheamh san fharsaingeachd agus a bhith a' lùghdachadh na th' ann de sgudal a thathar a' cruthachadh.</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Tha Riaghaltas na h-Alba air Gealladh #123 a dhèanamh a thaobh Call is Ana-caitheamh Bìdh gus Cuideachadh leis a' Ghnàth-shìde.</li></ul>
--	--	--

**Clàr 2.3 Buil 3:** Tha siostam bìdh na h-Alba a' toirt brosnachadh is taic dhan t-sluagh a bhith fallainn nam bodhaig is nan inntinn, agus mar thoradh air sin thig lùghdachadh air euslaintean co-cheangailte ri biadh is daithead.

Poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba	Comharran-coileanaidh	Targaidean/slatan-tomhais eile
<ul style="list-style-type: none"> <li>Lotaichean-gàrraiddh is Coimhearsnachdan a' Cur</li> <li>Am Biadh as Fheàrr aig Toiseach Beatha</li> <li>Plana Coileanaidh airson Daithead is Cuideam Fallain</li> <li>Daithead is Cuideam Fallain – Plana Gníomh airson Biadh air Falbh bhon Dachaigh</li> <li>Molaidhean Daithead</li> <li>A' Solarachadh Biadh ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne</li> <li>Beathachadh is Daithead aig Aois Òg</li> <li>Euslaintean Ithe</li> <li>Ag Ithe A-muigh, Ag Ithe gu Math: frèam-obrach agus còd-obrach airson chlàran-bìdh cloinne</li> <li>Foghlam Bìdh</li> <li>Biadh is Deochan ann an Ospadalan is Cùram Sòisealta</li> <li>Biadh is Deochan ann am Priosain</li> <li>Biadh is Deochan ann an Sgoiltean</li> <li>Biadh Sgoile An-asgaidh</li> <li>Neo-thèarainteachd</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>An àireamh às a' cheud de dh'inbhich is clann anns a bheil cuideam fallain</li> <li>An àireamh às a' cheud de chloinn a tha an cunnart a bhith reamhar</li> <li>An àireamh às a' cheud de dh'inbhich is clann a tha a' gabhail 5 cuibhreannan de mheasan is glasraich gach latha mar a thathar a' moladh</li> <li>An àireamh de dh'ùghdarrasan ionadail a tha a' gabhail pàirt sa Phrògram Biadh airson ur Beatha Alba</li> <li>Na tha clann aois 2-15 ag ithe de mheasan is glasraich</li> <li>Cinn-uidhe Dhaiteid na h-Alba</li> <li>An uiread de ghnothachasan bìdh sna roinnean poblach is priòbhaideach a tha a' cur an sàs Ag Ithe A-muigh, Ag Ithe gu Math: frèam-obrach agus còd-obrach airson chlàran-bìdh cloinne</li> <li>An àireamh chompanaidhean a tha a' cosg airgead air ath-chruthachadh reasabaidhean</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Lùghdachadh de 10% a thoirt air an àireimh de bhoireannaich a tha a' sgur a thoirt bainne-broillich dhan leanabh aca às dèidh 6 gu 8 seachdainean ro dheireadh 2025</li> <li>Ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030 agus lùghdachadh nach beag a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead</li> <li>Gum bi barrachd inbhich ann anns a bheil cuideam a tha fallain</li> <li>Lùghdachadh a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead am measg inbheach</li> </ul>

<p>Bìdh ann an Dachaighean</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A' Biadhadh Leanabh</li> <li>• Math Inntinneil airson Inbhich</li> <li>• Frèam Planaidh Nàiseanta 4</li> <li>• Solarachadh Poblach</li> <li>• Am Prògram: Ath-chruthachadh airson Slàinte</li> <li>• A' Solarachadh Biadh ann an Cùram-chloinne Aois Sgoile</li> <li>• Sgeama Bainne is Ghreimean-bìdh Fallain na h-Alba</li> <li>• A' Dèiligeadh ri Bochdainn Cloinne</li> </ul>		
---	--	--

**Clàr 2.4** Buil 4: Tha ar roinn bìdh is dheochan a' soirbheachadh, eadar-mheasgaichte, innleachdach, agus glè chudromach do mhath eaconamach is sòisealta na dùthcha aig ìre nàiseanta is ionadail. Tha i aig teis-meadhan na h-iomairt gus Alba a stèidheachadh mar dhùthaich a tha tèarainte is làidir a thaobh biadh, agus tha i a' cruthachadh is a' cumail taic ri obraighean is gnothachasan anns a bheil inbhean-obrach cothromach gan cur an sàs.

Poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba	Comharran-coileanaidh	Targaidean/slatan-tomhais eile
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Poileasaidhean Àiteachais</li> <li>• Croitearachd</li> <li>• Taic do Ghniomhachas a' Bhìdh is nan Deochan</li> <li>• Ro-innleachd Stiùiridh an lasgaich</li> <li>• Bathar stuic</li> <li>• Tuathanachas Organach</li> <li>• Slàinte nan Lusan</li> <li>• Solarachadh Poblach</li> <li>• Am Prògram: Ath-chruthachadh airson Slàinte</li> <li>• Poileasaidhean Reic</li> <li>• Malairt Biadh na Mara</li> <li>• Tuathanachas Uisge Seasmhach</li> <li>• Turasachd</li> <li>• Roinn na Sìthne</li> <li>• Tuathanachas Bheartagail</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• An àireamh de dhaoine aig a bheil obair ann an gnìomhachas a' bhìdh is nan deochan</li> <li>• An àireamh de dhaoine aig a bheil obair ann an roinn an àiteachais</li> <li>• Luach a' bhìdh is nan deochan a thèid às-mhalaирt à Alba</li> <li>• An luach a tha gnìomhachas bìdh is dheochan na h-Alba a' cur ris an eaonamaidh</li> <li>• An àireamh de chompanaidhean bìdh is dheochan a tha clàraichte</li> <li>• An àireamh de chroitean a tha clàraichte</li> <li>• Am pàigheadh meadhanach gach seachdain airson luchd-obrach làn-ùine ann an Roinn Bìdh is Dheochan na h-Alba, roinn a tha a tha a' sìor dhol am meud</li> <li>• An àireamh chompanaidhean a tha a' cosg airgead air ath-chruthachadh reasabaidhean</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt taic do Roinn a' Bhìdh is nan Deochan tro mhaoineachadh do <a href="#">A' Beathachadh Alba. A' Toirt Solar dhan t-Saoghal – Ro-innleachd Gnìomhachas a' Bhìdh is nan Deochan</a></li> </ul>

**Clàr 2.5 Buil 5:** Tha cultar bìdh brioghmhor aig Alba agus sluagh againn aig a bheil ùidh ann am, agus a tha air an oideachadh a thaobh, biadh math is seasmhach.

Poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba	Comharran-coileanaidh	Targaidean/slatan-tomhais eile
<ul style="list-style-type: none"> <li>Lotaichean-gàrraiddh is Coimhairsnachdan a' Cur</li> <li>Am Biadh as Fheàrr aig Toiseach Beatha</li> <li>Eaconamaidh Chuaireagach is Cothromachadh Carboin</li> <li>Daithead is Cuideam Fallain – Plana Gnìomh airson Biadh air Falbh bhon Dachaigh</li> <li>Molaidhean Daitheid</li> <li>A' Solarachadh Biadh ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne</li> <li>Beathachadh is Daithead aig Aois Òg</li> <li>Biadh is Deochan ann an Sgoiltean</li> <li>Foghlam Bìdh</li> <li>Biadh Sgoile An-asgaidh</li> <li>Còcaire Nàiseanta</li> <li>A' Solarachadh Biadh ann an Cùram-chloinne Aois Sgoile</li> <li>Na Gheibhear ann am Biadh na Sgoile</li> <li>Sgeama Bainne is Ghreimean-bìdh Fallain na h-Alba</li> <li>Turasachd</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Maoineachadh ga chosg air pròiseactan airson foghlam bìdh is biadh coimhairsnachd</li> <li>Cinn-uidhe Dhaithidh na h-Alba</li> <li>An uiread de ghnothachasan bìdh sna roinnean poblach is priobhaideach a tha a' cur an sàs Ag Ithe A-muigh, Ag Ithe gu Math: frèam-obrach agus còd-obrach airson chlàran-bìdh cloinne</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ìrean reamhrachd cloinne a lùghdachadh leth uiread ro 2030 agus lùghdachadh nach beag a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead</li> <li>Gum bi barrachd inbhich ann anns a bheil cuideam a tha fallain</li> <li>Lùghdachadh a thoirt air neo-ionannachd co-cheangailte ri daithead am measg inbheach</li> </ul>

**Clàr 2.6** Buil 6: Tha cliù eadar-nàiseanta aig Alba airson biadh fior mhath agus tha sinn airson cur ris a' chliù sin. Tha co-dhùnaidhean a nì sinn ann an Alba a' cuideachadh gus cruth-atharrachadh a thoirt air siostaman bìdh ionadail agus cruinneil. Tha sinn a' co-phàirteachadh ar sàr dhòighean-obrach agus ag ionnsachadh mu na sàr dhòighean-obrach aig càch gu h-eadar-nàiseanta.

Poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba	Comharran- coileanaidh	Targaidean/slatan-tomhais eile
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Poileasaidhean Àiteachais</li> <li>• Math Bheathaichean</li> <li>• Ro-innleachd airson Bith-iomadachd</li> <li>• Atharrachadh na Gnàth-shìde is Àiteachas</li> <li>• Atharrachadh na Gnàth-shìde</li> <li>• Ro-innleachd Stiùiridh an lasgaich</li> <li>• Taic do Ghniomhachas a' Bhìdh is nan Deochan</li> <li>• Bathar stuic</li> <li>• Slàinte nan Lusan</li> <li>• Malairt Biadh na Mara</li> <li>• Tuathanachas Uisge Seasmhach</li> <li>• Roinn na Sithne</li> <li>• Tuathanachas Bheartagail</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• An uiread de cho-chonaltradh a nithear le co-obraichean eadar-nàiseanta air siostam a' bhìdh Gasaichean teas-dhònach a thig bho roinn an àiteachais</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Targaidean lùghdachaidh bliadhnailear airson sgaoilidhean a dh'fheumar a choileanadh fon lagh leithid: lùghdachadh de 75% air gasaichean teas-dhònach ro dheireadh 2030 (stèidhichte air bun-ìre ann an 1990), agus bidh cothromachadh-carboin ann le sgaoilidhean ro dheireadh 2045</li> <li>• Tha aig Ministearan na h-Alba ri cumail ri geallaidhean gus dèilligeadh ris mar a tha bith-iomadachd a' crìonadh, a tha air am mineachadh ann am Frèam Bith-iomadachd na Cruinne airson Cùmhnant Bith-iomadachd an UN, leithid thargaidean co-cheangailte ri bhith a' lùghdachadh caitheimh, ana-caitheamh bìdh san t-saoghal, ana-caitheamh san fharsaingeachd agus a bhith a' lùghdachadh na th' ann de sgudal a thathar a' cruthachadh.</li> <li>• Tha Riaghaltas na h-Alba air Gealladh #123 a dhèanamh a thaobh Call is Ana-caitheamh Bìdh gus Cuideachadh leis a' Ghnàth-shìde.</li> </ul>

## **Pàirt a Trì: Ag Obair gus am bi Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh againn**

### **Dòighean-obrach**

Ma tha am Plana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a' dol a thoirt lànbhuaidh air cùisean, feumar fhighe a-steach gu ceart thar dhiofar phoileasaidhean a bhuineas ri poileasaidhean bìdh. Feumaidh sinn cumail oirnn a' brosnachadh cheanglaichean eadar Ministearan is oifigearan a tha ag obair air gach taobh de phoileasaidhean bìdh.

Bidh a' Bhuidheann Obrach Mhinistreil airson Biadh fhathast na meadhan gus còmhraidhean a chumail is co-dhùnaidhean a dhèanamh thar dhiofar roinnean dhen riaghaltas aig ère nam Ministearan a thaobh phoileasaidhean co-cheangailte ri biadh.

Gus barrachd co-obrachaидh thar phoileasaidhean a bhrosnachadh, cuiridh sinn Buidheann Obrach airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh air chois agus bheir sinn taic dhaibh. Bidh a' bhuidheann seo mar fhòram do dh'oifigearan poileasaидh far am faod iad bruidhinn air cùisean iomadh-fhillte agus bheir i cothrom dhaibh dèligeadh ri dùblain agus cothroman a chomharrachadh gus poileasaidhean bìdh a dhealbh ann an dòigh cho-aonaichte.

### **Poileasaidhean**

'S iomadh seòrsa poileasaидh a tha co-cheangailte ri biadh agus tha iad a' buntainn ri grunn raointean de Riaghaltas na h-Alba.

Tha sinn air poileasaidhean is gniomhan an riaghaltais a th' ann an-dràsta agus a bhios ann san ùine ri thighinn a roinn ann an ceithir earrainnean a tha stèidhichte air prìomh bhuidhnean a tha an sàs ann an siostam a' bhìdh: Daoine is Coimhearsnachdan; Luchd-solair is Àiteachan; Tuathanaich, Luchd-toraidh is Luchd-giullachd Bìdh; agus Luchd-poileasaидh.

Fo Daoine is Coimhearsnachdan tha poileasaidhean ann a tha ag amas air daoine fa leth is coimhearsnachdan.

'S e a th' ann an Luchd-solair sa cho-theacsa seo, an fheadhainn a tha a' toirt biadh do dhaoine eile ann an diofar shuidheachaidhean.

San earrainn mu Thuathanaich, Luchd-toraidh is Luchd-giullachd Bìdh tha poileasaidhean a tha ag amas air daoine a tha a' fàs bàrr; ag àrach; a' glacadh; no a' buain biadh, agus an fheadhainn a tha a' dèanamh is a' giullachd stuthan bìdh.

San earrainn mu dheireadh, Luchd-poileasaидh, chithear prìomh phoileasaidhean is ro-innleachdan farsaing an riaghaltais a tha co-cheangailte ri poileasaidhean bìdh agus ris am feumar ealla a ghabhail nuair a bhithear a' cruthachadh phoileasaidhean ùra. Cuimhnichibh, chan eil fiosrachadh iomlan air na poileasaidhean san sgrìobhainn seo: an àite sin tha sinn air geàrr-chunntas a dhèanamh air na prìomh phuingean a chithear sa Phlana iomlan.

### **Bogsa le Tuairisgeul Beag: Tuairisgeulan Beaga air Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

Tha fios againn gum faodadh e bhith gu bheil coltas car farsaing, eas-chruthach air cui dhen fiosrachadh is de na beachdan sa Phlana seo. Gus mìneachadh nas

brioghmhoire a thoirt air beatha dhaoine ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, tha sinn air sreach de thuairisgeulan a thoirt seachad gus sealltainn cò ris a dh'fhaodadh Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a bhith coltach le bhith a' coileanadh a' Phlana seo.

## Daoine is Coimhearsnachdan

### Beatha ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

Ma tha Alba gu bhith na Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, feumaidh na daoine a tha a' fuireach agus ag obair an seo cuideachadh le sin agus pàirt a ghabhail san ionmairt. Bidh cothrom gu cunbalach aig a h-uile duine a tha a' fuireach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh air biadh a tha sàbhailte, sa bheil mathas, aig prìs reusanta, a tha seasmhach, agus freagarrach a thaobh aois is cultar.

Gheibh daoine buannachdan bho shiostam bìdh seasmhach a tha a' cuideachadh gus piseach a thoirt air bith-iomadachd agus sa bheilear a' dèiligeadh ri beathaichean gu càramach. Gheibh daoine cothrom air deagh bhiadh gu h-ionadail agus 's urrainn dhaibh co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh a thaobh biadh.

'S e am priomh amas gum bi Alba na dùthaich nas fheàrr agus nas beartaiche airson a h-uile duine: dùthaich far a bheil daoine toilichte, fallain agus tèarainte. Tha poileasaidhean sa chaibideil seo mar cheumannan a dh'ionnsaigh nam Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh agus mar mheadhan gus na builean sin a choileanadh.

#### **Boqsa le Tuairisgeul Beag: Air pàiste ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- Tha cothrom agam air biadh fallain agus sa bheil mathas, a tha freagarrach airson m' aois agus airson na h-ìre aig a bheil mi a thaobh fàs
- 'S e an àbhaist dhomh a bhith ag ithe agus a' gabhail tlachd ann am biadh fallain
- Tha cothrom agam gu cunbalach pàirt a ghabhail ann an diofar chothroman ionnsachaidh co-cheangailte ri biadh
- Cha bhi an t-acras mòr orm uair sam bith

#### **Boqsa le Tuairisgeul Beag: Air pàrant/neach-cùraim ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- Tha fios agam air mar a dh'ullaicheas mi biadh fallain sa bheil mathas dhan fheadhainn a tha fo mo chòram agus tha e na chomas dhomh sin a dhèanamh
- Tha fios agam càite am faigh mi taic ma tha duilgheadasan agam a tha a' cur stad orm bho bhith a' ceannach biadh no bho bhith ag ullachadh biadh blàth aig an taigh
- Tha fios agam le cinnt gu bheil ionadan cùraim-chloinne is sgoiltean a' toirt seachad biadh fallain, sa bheil mathas, agus a tha freagarrach a thaobh cultar dhaoine, agus gu bheil iad a' toirt oideachadh dhan chloinn mu shiostam a' bhìdh
- Ma tha dùil agam ri leanabh, tha fios agam càite am faigh mi taic agus 's urrainn dhomh roghainnean fiosraichte a dhèanamh a thaobh dè am biadh a bu chòir dhomh a thoirt dhomh fhìn is do mo leanabh

### **Priomh phuingean: An toiseach tòiseachaidh as fheàrr airson beatha ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- A' cur taic ri, a' cur adhart agus a' cur dòn air beathachadh-broillich
- A' cur taic ri pàrantan gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh mu dhaitead an cuid chloinne
- Bidh cothrom nas fheàrr aig daoine le teachd-a-steach nas ìsele air biadh fallain is bainne nuair a tha dùil aca ri leanabh agus nuair a tha a' chlann aca fo 3

### **Priomh phuingean: Sgoiltean is Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- A' toirt seachad an cuid làitheil de mheasan no glasraich agus bainne (no deoch coltach ris gun bhainne na bà) dhan a h-uile pàiste ann an cùram-chloinne ro-sgoile
- A' toirt biadh fallain, an-asgaidh, dhan a h-uile pàiste a tha ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne a gheibh maoineachadh bhon riaghaltas, san ionad chàram-chloinne aca
- A' tabhann dhìnnearan sgoile an-asgaidh dhan a h-uile sgoilear bun-sgoile

### **Priomh phuingean: Foghlam airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- Bheirear foghlam seachad mu bhiadh tron Churraicealam airson Sàr-mhathais, agus tro mhaoineachadh airson iomairtean a dh'aona-ghnothach leithid chothroman do sgoilearan a bhith a' tadhal air tuathanas
- Bithear a' tarraig aire dhaoine gu na Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

### **Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air inbheach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- Tha e furasta dhomh cothrom fhaighinn air biadh a tha a' còrdadh rium agus a chumas mi slàn, fallain
- Tha fios agam càite an tèid mi ma tha duilgheadasan agam a thaobh airgead, agus gheibh mi taic gu luath, a tha co-òrdanaichte agus bho dhaoine a chuidicheas mi ann an dòigh shuimeil agus le spèis
- Tha e furasta roghainnean fallain is seasmhach a lorg às bith càite an ith mi no càite an ceannaich mi biadh
- Tha e furasta dhomh fiosrachadh fhaighinn mu bhuaidh a' bhìdh agam air an àrainneachd is cùisean sòisealta agus mu mhathas a' bhìdh sin agus cò às a thàinig e, fiosrachadh a chuidicheas mi gus roghainnean fiosraichte a dhèanamh

### **Priomh phuingean: Cothrom aig a h-uile duine air Biadh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile duine ann an Alba air a' bhiadh a tha a dhith orra agus as fheàrr leotha ithe
- A' lùghdachadh bochdaiann am measg clann ann an Alba
- A' moladh taic-airgid an toiseach airson daoine a tha gann de dh'airgead, gus nach bi uiread feum aca air tabhartasan bìdh èiginneach

- A' dèanamh cinnteach nuair a thathar a' toirt thabhartasan bìdh do dhaoine gun dèanar sin san dòigh as mothà a bheir spèis do dh'urram nan daoine

**Priomh phuingean: Daithead Fhallain ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- A' brosnachadh adhartas le bhith a' coileanadh Cinn-uidhe Dhaiteid na h-Alba aig ère a' mhòr-shluaign
- A' cuideachadh luchd-ceannaich gus daithead nas fhallaine a roghnachadh tro bhith a' toirt seachad stiùireadh soilleir is practaigeach air daithead
- A' beachdachadh air na diofar fheumalachdan beathachaидh is slàinte aig diofar bhuidhnean nuair a thathar a' dealbh phoileasaidhean bìdh

**Priomh phuingean: A' Cur 's a' Fàs a' Bhìdh Agad Fhèin ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- A' brosnachadh agus ga dhèanamh comasach do dhaoine am biadh aca fhèin a chur is fhàs
- Bidh barrachd fearainn ri fhaotainn far an urrainn do choimhairsnachdan biadh a chur agus bithear a' toirt cothrom do bharrachd dhaoine air làraich airson nithean a chur agus air lotaichean-gàrraidh

**Priomh phuingean: A' bhuaidh fharsaing a th' aig roghainnean bìdh**

- A' cuideachadh gus ana-caitheamh bìdh a lùghdachadh

## Luchd-solair is Àiteachan

### A' Toirt Seachad Biadh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

'S e a th' ann an luchd-solair, an fheadhainn a tha a' toirt biadh do dhaoine eile ann an diofar shuidheachaidhean. Tha àite glè chudromach aca ann a bhith a' toirt biadh math do dhaoine ann an Alba. Cumaidh iad orra le oidhirpean gus na clàran-bìdh aca a leasachadh gus roghainnean fallain is seasmhach a thabhall do dhaoine.

Bidh sinn a' cur grunn phoileasaidhean an sàs mar thaic do, agus gus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' toirt seachad, biadh sàbhailte; sa bheil mathas; aig prìs reusanta; a tha seasmhach; agus freagarrach a thaobh aois is cultar dhaoine ann an àiteachan poblach agus prìobhaideach.

Bidh na poileasaidhean seo a' cuideachadh le bhith a' daingneachadh chleachdaidhean ithe fallain am measg dhaoine ann an Alba.

### Priomh phuingean: Biadh Ionadail dhan a h-Uile Duine ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

- Barrachd biadh ionadail a thabhall ann am bùihtean is àiteachan-bìdh

### Solarachadh Poblach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

#### **Boqsa le Tuairisgeul Beag: Air solaraiche-bìdh poblach ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- Bidh mi a' faotainn biadh fallain, ùr, ràitheil, sa bheil mathas gus frithealadh air feumalachdan nan daoine a chleachdas na seirbheisean agam
- Tha tuigse agam air mar as urrainn do bhiadh cuideachadh le bhith a' neartachadh cheanglaichean coimhearsnachd. Bidh mi a' cur air adhart agus a' tabhann roghainnean fallain, blasta, agus seasmhach mar chleachdadh àbhaisteach air na clàran-bìdh agam
- Bidh na roghainnean solarachaид agam a' cuideachadh gus taic a chumail ri diofar luchd-toraidh
- Tha mi air lùghdachadh a thoirt air ana-caitheamh bìdh a ghabhas seachnad cho fad 's as urrainn dhomh agus bidh mi a' déanamh cinnteach gun tèid cuidhteas fhaighinn de sgudal-bìdh ann an dòigh sheasmhach

### Priomh phuingean: Biadh Math air Feadh Ionadan Poblach

- Biadh le mathas freagarrach a thoirt do sgoiltean, ospadalan, dachaighean-cùraim agus priosain na h-Alba.

### Priomh phuingean: Biadh Math air Falbh bhon Dachaigh: ag ithe a-muigh agus a' ceannach biadh

- A' brosnachadh agus a' toirt taic do dh' àiteachan-bìdh gus roghainnean nas fhallaine a thoirt do luchd-ceannaich a tha ag ithe air falbh bhon dachaigh aca mar thaic do bhith a' coileanadh Cinn-uidhe Dhaithidh na h-Alba
- A' brosnachadh ghnothachasan-reic gus taic a chur ri prionnsapalan airson Obair Chothromach

- A' cuideachadh le bhith a' cur prionnsapalan Frèam Planaidh Nàiseanta 4 an sàs ann an àiteachan-bìdh
- Reachdas a thoirt air adhart a bheir cuingealachadh air oidhirpean gus biadh is deochan sa bheil irean àrda de gheir, siùcar no salainn a chur air adhart is a shanasachd
- A' dèanamh sanasachd air sàr bhiadh is deochan na h-Alba mar phàirt de ghniomhachas na turasachd is na h-aoigheachd

### **Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air neach-bùth a tha Math a Thaobh Biadh**

- Mar fhastaiche, tha mi a' cumail ris na slatan-tomhais airson Obair Chothromach An Toiseach. Bidh mi a' dèanamh cinnteach gu bheil gach cùmhnant solarachaidh ris an gabh mi cothromach is ceart airson an luchd-toraidh.
- Bidh mi a' cruthachadh àrainneachd sa bhùth far a bheil am biadh fallain, agus sa bheil mathas, ri fhaotainn aig prìs a tha reusanta agus ga shealltann ann an dòigh a tha tarraingeach dhan a h-uile duine. Bidh mi a' cuideachadh luchd-ceannaich gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air mathas a' bhìdh a bhios mi a' reic agus air cò às a thàinig e.
- Bidh na co-dhùnайдhean a nì mi sa bhùth agus an lùib a bhith a' solarachadh biadh a' cuideachadh Alba gus na h-amasan againn airson cothromachadh-carboin a choileanadh, mar eisimpleir a' lùghdachadh ana-caitheamh bìdh
- Tha mi a' dèanamh obair chudromach gus taic a chumail ri eaonamaidh bìdh ionadail nas làidire agus gus cur ri tèarainteachd bìdh ann an Alba

### **Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air neach le taigh-bìdh a tha Math a Thaobh Biadh**

- Bidh mi a' moladh biadh ùr, ràitheil agus ga chleachdad sa chlàr-bhìdh agam. Bidh mi a' toirt taic dhan eaonamaidh bhìdh ionadail agam
- Bidh mi a' sealltann dhan luchd-cheannaich agam gu bheil dealas agam airson biadh math feuch an ionnsaich iad mu cò às a thàinig am biadh, ciamar a chaidh ullachadh agus dè am mathas a th' ann
- Mar fhastaiche, tha mi a' cumail ris na slatan-tomhais airson Obair Chothromach An Toiseach. Bidh mi a' cruthachadh àrainneachd obrach thaiceil dhan luchd-obrach agam
- Tha mi cruthachail leis a' chlàr-bhìdh agam. Faodaidh sin cuideachadh le bhith a' toirt lùghdachadh air ana-caitheamh bìdh a chum maith a' gnothachais, dhaoine, agus na h-àrainneachd

### **Priomh phuingean: A' Toirt Lùghdachadh air Ana-caitheamh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- A' cuideachadh le bhith a' toirt lùghdachadh air ana-caitheamh bìdh le gnothachasan is luchd-dèanaimh

## Tuathanaich, Luchd-toraidh is Luchd-giullachd Bìdh

### Toraidheachd is giullachd bìdh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh

Tha e fior chudromach do mhath dhaoine gum bi biadh sàr-mhath, sa bheil mathas, aca a thèid a thoirt gu cinneas gu h-ionadail agus ann an dòigh sheasmhach – airson ar math sòisealta agus math na h-eaconamaidh, na h-àrainneachd is ar slàinte. 'S e a th' ann an luchd-toraidh is luchd-giullachd an fheadhainn a tha an sàs ann a bhith a' fàs, ag àrach, a' glacadh, a' buain, a' dèanamh agus a' giullachd ar bìdh. Ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, bidh iad a' cuideachadh gus siostam bìdh seasmhach a chur an sàs. Bheir na roghainnean a nì iad buaidh mhath, no cha toir iad buaidh sam bith, air an àrainneachd is bith-iomadachd. Cuidichidh na gnìomhan aca gus atharrachadh na gnàth-shìde a lasachadh agus atharraichidh iad na dòighean-obrach aca gus freagairt air atharraichean sam bith a th' ann no a bhios ann san àm ri teachd. Bidh na toraidhean aca mar phàirt cudromach dhen bhiadh a thèid ithe air feadh Alba agus bidh e furasta biadh Albannach a lorg ann an taighean-bìdh, biadhlannan agus bùithtean. Bidh cliù aig Alba fhathast gu h-eadar-nàiseanta airson toraidhean bìdh is deochan sàr-mhath. Bidh luchd-toraidh na h-Alba follaiseach sna coimhlearsnachdan aca agus bidh àiteachan-obrach aca far a bheil fàilte ron a h-uile duine. Bithear a' cumail ri slatan-tomhais airson obair chothromach le obraichean ann an roinnean-toraidh a' bhìdh is nan deochan ann an Alba.

Tha taghadh de phrògraman againn a bheir cruth-atharrachadh bunaiteach air na dòighean sa bheil sinn a' toirt biadh gu cinneas is ga ghiullachd ann an Alba: tha sinn a' gabhail cheumannan gus ar n-obair-toraidheachd bìdh uile, a nì sinn air tìr agus aig muir, a dhèanamh ann an dòigh nas seasmhaiche.

### Priomh phuingean: An Tìr

- Cruth-atharrachadh a thoirt air an taic do thuathanachas agus toraidheachd bìdh agus bidh Alba am measg priomh dhùthchannan na cruinne a thaobh àiteachas seasmhach is ath-ùrachail
- Bidh barrachd fearainn air obrachadh gu h-organach
- A' toirt taic is brosnachadh do chroitearachd, tuathanasan beaga agus tuathanachas bheartagail
- Bidh frèam-taice ann a bheir taic do thoraidheachd bìdh shàr-mhath, obair lasachaидh is fhreagrachaidh a thaobh na gnàth-shìde, agus do dh'obair gus nàdar ath-nuadhachadh

### **Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air tuathanach/croitear ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- Tha mi dhen bheachd gu bheilear a' toirt spèis dham obair agus gum faigh mi prìs chothromach airson toraidhean na h-obrach agam. Tha e furasta dhomh na toraidhean sin a reic gu h-ionadail nam bithinn ag iarraidh sin a dhèanamh
- Tha na modhan-àiteachais agam agus na dòighean sa bheil mi ag obrachadh an fhearrainn a' ciallachadh gu bheil mi a' toirt nas lugh a buaidhe air an àrainneachd, a' cur ri bith-iomadachd agus a' cumail ri inbhean àrda a thaobh math bheathaichean air an tuathanas no croit agam
- Bidh mi a' faighinn diofar sheòrsaichean taice, leithid trèanadh is comhairle, gus mo chuideachadh le bhith a' soirbheachadh leis an obair agam air tuathanas no croit a tha seasmhach
- Bidh mi a' cuideachadh gus modhan-solair làidir a stèidheachadh agus a' cur ri tèarainteachd bìdh na h-Alba

### **Priomh phuingean: A' Mhuir**

- A' dèanamh cinnteach gum bi roinn an iasgaich is biadh na mara againn na pàirt seasmhach de ar n-eaconamaidh

### **Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air iasgair ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- Tha mi dhen bheachd gu bheilear a' toirt spèis dham obair agus gum faigh mi prìs chothromach airson na ghilcas mi
- Tha mi a' cur taic ri àrainneachd is eag-shiostam na mara le bhith a' cur mhodhan-iasgaich seasmhach an sàs
- Tha mi ag obair ann an, agus a' cuideachadh le bhith a' stèidheachadh, àrainneachd obrach chothromach is shàbhailte
- Tha mi a' sìreadh chothroman gus toraidhean na h-obrach agam a thabhan do thaghadh nas fharsainge de dhaoine ann an Alba, agus gus sanasachd a dhèanamh air mar a dh'fhaodas biadh na mara a bhith mar phàirt de dhaithead fhallain
- Tha cothrom agam air taghadh de thaic a chuidicheas mi gus gnothachas iasgaich seasmhach a ruith

### **Priomh phuingean: Math Bheathaichean is Slàinte nan Lusan**

- A' cumail suas agus a' cur ris na h-inbhean àrda againn a thaobh math bheathaichean is slàinte nan lusan

## **Bogsa le Tuairisgeul Beag: Air neach-giullachd bìdh ann an Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh**

- Tha mi ag obair còmhla ri luchd-toraidh, luchd mòr-reic, luchd-reic agus luchd-solair bìdh a bheir biadh do dhaoine air falbh bhon dachaigh aca airson dèanamh cinnteach gu bheil an siostam-solair air fad làidir fhad 's a tha mi a' frithealadh air feumalachdan dhaoine agus a' toirt lùghdachadh air ana-caitheamh
- Bidh mi a' dèanamh a' bhìdh agam nas thallaine agus nas seasmhaiche le bhith a' cleachdadhe stuthan ùra, ràitheil nuair as urrainn dhomh, agus gheibh mi taic gus sin a dhèanamh
- Bidh mi a' cosg airgead air an luchd-obrach agam agus gan cuideachadh le cothroman leasachaidh, feuch an urrainn dhaibh cothroman a ghabhail gus na sgilean aca a leasachadh fhad 's a tha iad ag obair ann an àrainneachd obrach shàbhailte
- Tha mi a' cur ris na buannachdan cudromach a gheibh eaconamaidh na h-Alba bho roinn a' bhìdh is nan deochan

## **Priomh phuingean: A' Toirt Taic do Ghniomhachas Bìdh is Dheochan na h-Alba**

- A' toirt taic do agus a' cur air adhart gnìomhachas bìdh is dheochan na h-Alba

## Luchd-poileasaidh

Tha am Plana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh mar direach aon phàirt de phrògram farsaing de phoileasaidhean aig Riaghaltas na h-Alba: feumar beachdachadh air mar phàirt de thaghadh de ro-innleachdan, planaichean is prògraman thar-phoileasaidh eile a tha gan cur an gnìomh no a tha air faire. Thug prògraman poileasaidh eile buaidh air a' Phlana nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh, agus tha amasan co-cheangailte is coitcheann aig tòrr dhiubh sin airson na h-Alba san àm ri thighinn. Mar an ceudna, bheir na sia Builean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh buaidh air obair a nithear san àm ri teachd, fhad 's a bhios luchd-poileasaidh is Ministearan a' dèanamh cinnteach gu bheil planaichean co-cheangailte ri poileasaidhean bìdh air an dealbh a rèir nam Builean seo.

San earrainn seo, thathar a' toirt sùil air na poileasaidhean a bha cudromach ann a bhith ag ullachadh a' chiad Phlana nàiseanta airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh.

### Còraichean Daonna

Tha a' chòir aig a h-uile neach air còraichean is seòrsaichean saorsa bunaiteach. Tha spès againn do chòraichean daonna eadar-nàiseanta, tha sinn gan dòn agus gan coileanadh agus tha sinn airson gum bi Alba na dùthaich in-ghabhalach. Tha a' chòir air gu leòr de bhiadh iomchaidh na pàirt bunaiteach dhen chòir dhaonna air beatha le ìre bith-beò iomchaidh, agus tha i riatanach do mar a bheirear còraichean daonna eile gu buil.

Chan urrainnear dèanamh gu tur cinnteach gun tèid a' chòir air gu leòr de bhiadh iomchaidh a thoirt gu buil ach nuair a thèid obair a dhèanamh mu choinneimh so-ruigsinneachd a' bhìdh; na cothroman air biadh; iomchaidheachd a' bhìdh; agus càileachd a' bhìdh ann an dòigh aonaichte is òrdail, agus nuair a thèid aithne a thoirt do mar a tha còraichean daonna do-roinnte, an eisimeil a chèile agus co-cheangailte agus urram mar bhunait dhaibh uile.

### Atharrachadh na Gnàth-shìde; Bith-iomadachd; an t-Slighe gu ruige Cothromachadh-carboin; agus Eadar-ghluasad Cothromach

Chan urrainn dhuinn còmhraidhean a chumail air biadh is siostaman bìdh gun a bhith a' beachdachadh air an obair a tha ga dèanamh gus cothromachadh-carboin a chur an sàs ann an Alba. Feumaidh luchd-poileasaidh beachdachadh air a' bhuaidh a th' aig poileasaidh sam bith co-cheangailte ri biadh air an àrainneachd.

[Tha an Achd airson Atharrachadh na Gnàth-shìde \(Alba\) 2019](#) a' stèidheachadh thargaidean adhartach do Riaghaltas na h-Alba gus atharrachadh na gnàth-shìde a lasachadh. Nam measg tha lùghdachadh 75% a thoirt air sgaoilidhean (stèidhichte air bun-ìre ann an 1990) ro dheireadh 2030 agus bidh Cothromachadh-carboin ann ro dheireadh 2045.

Thathar ag obair air dreachd dhen ath Phlana airson Atharrachadh na Gnàth-shìde, agus thèid plana deireannach fhoillseachadh sa Mhàrt 2025. Sa phlana sin bidh poileasaidhean is molaidhean a nì cinnteach gum bi na roinnean airson àiteachas is mar a chleachdar fearann san fharsaingeachd; atharraichean air mar a chleachdar fearann; ana-caitheamh; agus coilltearachd uile a' lùghdachadh nan sgaoilidhean

aca a rèir ar targaid nàiseanta airson cothromachadh-carboin. Tha sinn cuideachd ag ullachadh an ath Phrògram Freagrachaidh na h-Alba mu choinneimh Atharrachadh na Gnàth-shìde a thèid fhoillseachadh ann an 2024: le sin bithear a' stèidheachadh grunn ghniomhan a neartaicheas na roinnean airson àiteachas is mar a chleachdar fearann san fharsaingeachd; atharraichean air mar a chleachdar fearann; ana-caitheamh; agus coilltearachd mu choinneimh atharrachadh na gnàth-shìde.

Tha an Achd airson Atharrachadh na Gnàth-shìde (Alba) 2019 a' gabhail a-steach nam prionnsapalan airson eadar-ghluasad cothromach. Tha sin a' ciallachadh gum bi sinn a' lùghdachadh sgaoilidhean agus a' dèiligeadh ri atharrachadh na gnàth-shìde ann an dòigh a tha cothromach agus a chruthaicheas saoghal a tha nas fheàrr dhan a h-uile duine san àm ri teachd – às bith càite a bheil iad a' fuireach, dè tha iad a' dèanamh, agus cò iad. Bidh a' chiad Phlana againn airson Eadar-ghluasad Cothromach airson Roinn Cleachdadh an Fheàrainn is Roinn an Àiteachais a' cur cuideam air beòshlaint, sgilean, slàinte agus math nan daoine a tha a' fuireach ann an sgìrean, agus an urra ri, roinn àiteachais is fearainn na h-Alba agus sinn ag amas air coimhleasachdan làidir dùthchail is eileanach a ghleidheadh is a chuideachadh fhad 's a tha sinn a' cur taic ri ro-innleachdan is planaichean eile an riaghaltais.

Tha call bith-iomadachd co-cheangailte gu dlùth ri atharrachadh na gnàth-shìde: tha na dhà dhiubh a cheart cho cudromach nuair a thig e gu dòn na h-àrainneachd. Tha ceann-uidhe àrd-ìre nar [Ro-innleachd ùr airson Bith-iomadachd](#) gus stad a chur air call bith-iomadachd ro dheireadh 2030 agus gus ath-nuadhachadh a dhèanamh oirre ro dheireadh 2045. Tha e mar phàirt cudromach dhen Ro-innleachd dèiligeadh ris a' bhuaidh a th' aig na dh'itheas sinn agus aig an t-siostam bhìdh air mar a tha bith-iomadachd ga call gu h-eadar-nàiseanta.

### Sàbhailteachd, Inbhean, agus Mathas Bìdh

'S e a th' ann an Inbhean Bìdh na h-Alba (IBA), buidheann phoblach na h-Alba airson roinn a' bhìdh agus chaidh a stèidheachadh ann an 2015. Tha e na amas do IBA dòn a chur air slàinte is math luchd-ceannaich.

Tha dreuchd shònraichte aig IBA san riaghaltas, agus iad ag obair air stèidh neo-eisimeileach a tha fa leth bho Mhiniestarán is an gniomhachas, gus comhairle neo-phàirteach a thoirt seachad, a tha stèidhichte air saidheans is dàta earbsach. Tha IBA cunntachail gu direach do Phàrlamaid na h-Alba. Tha an raon-ùghdarras aca a' gabhail a-steach gach taobh de shiostam a' bhìdh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air slàinte a' phobaill – agus e na amas dhaibh dòn a chur air luchd-ceannaich bho chunnartan bìdh agus daoine a bhrosnachadh gu bhith a' gabhail biadh fallain. Bidh IBA a' toirt comhairle seachad air daihead agus mathas bìdh gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh is a' cur phoileasaidhean an gnìomh a tha ag amas air [Cinn-uidhe Dhaithid na h-Alba](#) a choileanadh.

### Planadh agus Eaconamaidh a Nì Feum do Mhath Dhaoine

Tha poileasaidhean bìdh a' buntainn ri barrachd air a' bhiadh a gheibh sinn air ar truinnsear: tha iad a' gabhail a-steach an t-saoghail sa bheil sinn a' ceannach is ag ithe ar bìdh.

Tha grunn phoileasaidhean is frèamaichean planaidh a bhuineas ri poileasaidhean bìdh. Tha iad sin mar mheadhan cudromach gus cùisean a leasachadh oir tha iad a' cuideachadh gus ceangal a dhèanamh eadar an àrainneachd thogte agus builean slàinte is àrainneachd. 'S urrainnear cleachdaidhean sòisealta atharrachadh tro cho-dhùnaidhean planaidh a chruthaicheas àiteachan timcheall oirnn a bheir taic nas fheàrr do chleachdaidhean is dòighean-giùlain fallain is seasmhach.

Tha am Frèam Planaidh Nàiseanta (FPN4) a' stèidheachadh ro-innleachd àiteachan airson leasachaidhean a dhèanamh ann an Alba san ùine-fhada. Tha sin, agus planaichean leasachaidh ionadail a bhios ùghdarrasan planaidh ag ullachadh air feadh Alba, a' stèidheachadh a' phlana leasachaidh airson cho-dhùnaidhean san t-siostam phlanaidh.

### **Obair Chothromach**

Tha e mar rùn dhuinn gum bi Alba mar phrìomh Dhùthaich airson Obair Chothromach ro dheireadh 2025, far am bi obair chothromach a' cur taic ri soirbheachas, math agus beairteas dhaoine, ghnothachasan, bhuidhnean agus a' chomainn-shòisealta.

Ged a tha laghan cosnaidh glèidhte fo sgèith Riaghaltas na RA, tha e mar amas dhuinn poileasaidhean airson Obair Chothromach a chleachdad gus cleachdaidhean obrach nas cothromache a chur air adhart air feadh margaidh-obrach na h-Alba. Air 9 Dùblachd 2022, dh'fhoillsich sinn ar [Plana Gniomh airson Obair Chothromach](#) a chaighd ùrachadh.

Cumaidh Riaghaltas na h-Alba orra, mar fhastaiche agus tro na poileasaidhean aca, a' toirt stiùireadh is brosnachadh do chàch a thaobh seo; mar eisimpleir, bidh sinn a' stèidheachadh chumhachan an cois a' mhaoineachaidh a bheirear seachad san roinn phoblaich. Chaighd slatan-tomhais a thaobh Obair Chothromach An Toiseach a chur an sàs airson maoineachadh poblach luach £4 billean bho 2019. Bhon Iuchar 2023, thathar air iarraidh air an fheadhainn a gheibh tabhartasan na roinne poblache co-dhiù an Tuarastal Bith-beò ceart a phàigheadh do dhaoine agus modhan freagarrach a stèidheachadh tron urrainn do luchd-obrach beachdan a thoirt seachad.

### **Tèarainteachd Bìdh**

Tha na thachair o chionn ghoirid agus na tha a' tachairt an-dràsta san t-saoghal a' sealltann cho cugallach 's a dh'fhaodas tèarainteachd ar bìdh a bhith aig amannan, agus tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail cheumannan gus Alba a dhèanamh nas comasaiche air dèiligeadh ri leithid a dhùbhlain agus gus ar siostam-solarie bìdh a neartachadh.

Tha fios againn gu bheil cunnartan do thèarainteachd bìdh na h-Alba a' dol am meud, leithid atharrachadh na gnàth-shìde agus nithean mar an ionnsaigh a thugadh air an Ugràin. Tha Brexit cuideachd air cron a dhèanamh air roinn bìdh na h-Alba agus tha againn ri atharraichean a dhèanamh gus dèiligeadh ri suidheachadh nas cugallaiche agus sinn air taobh a-muigh margaidh shingilt an AE. Tha malairt air a cuingealachadh; tha bacaidhean às-mhalairst air cur ri cosgaisean; bidh aontaidhean-malairst ùra a' cur ris na duilgheadasan seo; agus tha Brexit air cion luchd-obrach is sgilean ann an obair àiteachais agus an lùib solarachadh is toraidheachd bìdh adhbharachadh no air cùisean a dhèanamh nas miosa. Tha ciall fharsaing aig

tèarainteachd bìdh, agus bidh Comataidh nan Dùthchannan Aonaichte airson Tèarainteachd Bìdh na Cruinne ga mineachadh mar seo: nuair a bhios cothrom, gu corporra, gu sòisealta agus gu h-eaconamach aig a h-uile duine, fad an t-siubhail, air biadh gu leòr a tha sàbhailte agus sa bheil mathas agus a tha freagarrach dhaibh a thaobh na b' fheàrr leotha ithe agus na tha a dhìth orra gus am bi beatha èasgaidh is fhallain aca. Tha e cudromach gun dèanar cinnteach à tèarainteachd bìdh ann an dòigh rianail a tha stèidhichte air fianais gus am bi cothromachadh ann eadar amasan geàrr-ùine is fad-ùine airson tèarainteachd bìdh na h-Alba, agus gus dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh gu ceart agus gu ire fhreagarrach air tèarainteachd bìdh nuair a thathar a' dealbh taghadh farsaing de phoileasaidhean, a' gabhair a-steach nam Planaichean airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh.

### **Alba agus siostam bìdh na cruinne**

Tha Alba mar phàirt de shiostam bìdh na cruinne. Cha bhi am biadh air fad a bhios sinn ag ithe a' tighinn à Alba, no fiù 's às an RA. Tha toraidhean bìdh na dùthcha cuideachd an urra ri stuthan a gheibhear bho thall thairis leithid todhar is siol. Cha bhithear a' reic a' bhìdh a thèid a thoirt gu cinneas an seo dìreach san dùthaich againn fhìn. Feumaidh luchd-poileasaidh beachdachadh air poileasaidhean bìdh bho shealladh eadar-nàiseanta, agus feumaidh iad oidhirpean a dhèanamh gus cumail ri sàr chleachdaidhean is modhan-obrach eadar-nàiseanta.

Tha malairt eadar-nàiseanta na pàirt bunaiteach de shiostam bìdh na cruinne, ach taobh a-staigh na h-Alba tha i am measg nan dleastanasan glèidhete. Bidh sinn a' dèanamh thagraidhean ri Ministearan Riaghaltas na RA gus piseach a thoirt na dòighean sam bi iad a' dol an sàs ann an còmhraidhean co-rèiteachaidh a thaobh malairt, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil iad làn-mhothachail air cùisean Albannach.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur taic ris a' bheachd gum bu chòir Aontaidhean Saor-mhalairt a cho-rèiteachadh. Ge-tà, feumar an co-rèiteachadh ann an dòigh chothromach, thugseach a chuireas dòn air luchd-toraidh agus luchd-ceannaich na dùthcha seo. Chithearnan prionnsapalan seo ann an diofar sgrìobhainnean leithid [Lèirsinn na h-Alba airson Malairt](#) a tha ag amas air malairt a chur an sàs a tha stèidhichte na còig priomh phrionnsapalan seo: fàs; math dhaoine; seasmhachd; eadar-ghluasad cothromach gu cothromachadh-carboin; agus deagh riaghlaidh.

## Co-dhùnайдhean

Tha am Plana seo a' sealltann gu soilleir cò ris a tha cùisean coltach a thaobh phoileasaidhean bìdh air feadh Riaghaltas na h-Alba an-dràsta agus dè na cinn-uidhe a th' agaínn. Aon uair 's gun tig an co-chomhairleachadh air a' Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh gu crìch, foillsichidh sinn aithris le geàrr-chunntas air a' cho-chomhairleachadh agus na freagairtean a fhuaras agus thèid am Plana ùrachadh a rèir iad sin. An uair sin, curidh sinn an aithris le geàrr-chunntas air a' cho-chomhairleachadh agus am Plana nàiseanta a thathar a' moladh air beulaibh Pàrlamaid na h-Alba airson 60 latha gus cothrom a thoirt dhaibh beachdachadh orra agus beachdan a thoirt seachad. Às dèidh na h-ùine sin, bidh suas ri trì mìosan aig Ministearan na h-Alba gus tionndadh deireannach dhen Phlana nàiseanta aontachadh mus tèid fhoillseachadh.

Tòisichidh sinn an uair sin a' cur mhodhan-obrach an gniomh gus am bithear a' gabhail ealla ri cùisean bìdh thar dhiofar roinnean nuair a thathar ag ullachadh phoileasaidhean ùra. Cuidichidh na modhan-obrach seo le ar n-oidhirpean: gus na gniomhan iomadh-fhillte a choileanadh a tha a dhìth gus leasachadh a thoirt air ar siostam bìdh; gus targaidean ùra stèidhichte air fianais a chur romhainn; agus gus measadh a dhèanamh air an adhartas a nì sinn a dh'ionnsaigh an amais a bhith nar Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh. Cha bhi an obair seo furasta no luath: 's e cùisean toinnte is dùbhlach a th' anna seo. Sin as coireach gum bithear ag ath-sgrùdadh is ag ùrachadh a' Phlana airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh gu cunbalach. Bidh a' bhuidheann ùr, Coimisean Bìdh na h-Alba, cudromach dhan obair seo agus bheir iad stiùireadh neo-eisimeileach is feumail dha na h-oidhirpean gus a coileanadh.

Bidh an ath thionndadh dhen Phlana nàiseanta seo airson Dùthaich a tha Math a Thaobh Biadh a' gabhail ealla ri obair a tha ga dèanamh aig an àm. Dh'fhaodadh gum bi e a' buntainn ri raointean leithid an sgrùdaidh aig a' Chomataidh Chomhairleachaидh Shaidheansail air Beathachadh air fianais co-cheangailte ri biadh glè-ghiullaichte; obair Inbhean Bìdh na h-Alba gus comhairle a thoirt seachad air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh bhuilean slàinte is neo-ionannachd slàinte co-cheangailte ri daithead ri linn molaidhean na Comataidh air Atharrachadh na Gnàth-shìde a thaobh a bhith ag ithe nas lugha feòil dhearg is bathar bainne; agus obair leantainneach gus targaidean a chruthachadh mar thaic do Phrògram Ath-leasachaidh an Àiteachais.



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba

© Còraichean a' Chrùin 2024

## OGL

Tha an sgriobhainn seo ga foillseachadh fo chumhachan Chead Riaghaltas Fosgalte v3.0 ach a-mhàin nuair a chanar a chaochladh. Gus an cead seo fhaicinn, tadhlaibh air **nation-alarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3** no sgriobhaibh chun an Sgio-ba airson Phoileasadhean Fiosrachaidh, Na Tasglannan Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuiribh post-d thuca: **psi@nationalarchives.gsi.gov.uk**

Ma tha sinn air fiosrachadh a chomharrachadh fo chòraichean chuideigin eile, feumaidh sibh cead fhaighinn bhuapan am fiosrachadh sin a chleachdadh.

Gheibh sibh an sgriobhainn seo aig **www.gov.scot**

Ma tha ceistean agaibh mun sgriobhainn seo, bu chòir dhuibh an cur thugainn aig

Riaghaltas na h-Alba  
Taigh an Naoimh Anndra  
Dùn Èideann  
EH1 3DG  
ISBN: 978-1-83521-422-0 (eadar-lòn a-mhàin)

Air a foillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Faoilleach 2024

Air ullachadh do Riaghaltas na h-Alba leis a' Bhuidhinn APS Alba, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA  
PPDAS1351422 (01/24)